



TRANSPORT
SCOTLAND
CÒMHDHAIL ALBA

transport.gov.scot

Co-chomhairle air Siubhal Saor is an-asgaidh air Busaichean airson Seann Daoine, Daoine air a bheil Ciorram agus Preantasan Ùra

Ro-ràdh Ministreil bho Mhinistear na Còmhail is nan Eilean, Humza Yousaf BPA



Tha Riaghaltas na h-Alba air a' Cho-chomhairle seo a chur air bhog gus do bheachdan a shireadh air sgeama siubhal lasaichte nan seann daoine agus nan daoine air a bheil ciorram (“an Sgeama”).

Tha an sgeama seo, air a bheil fèill mhòr agus anns a bheil daoine a' cur luach, a' cur ris a' chothrom a th' aig seann daoine is daoine air a bheil ciorram air seirbheisean deatamach agus bidh e a' cruthachadh chothroman pàirt a ghabhail ann an tachartasan teaghlaich is sòisealta eile nach bhiodh e air a bhith comasach dhaibh pàigheadh air a shon, is mar sin tha e a' toirt neo-eisimeileach do dhaoine a tha an eisimeil siubhail bus.

Bidh còrr is 1.3 millean duine aig a bheil pas-bus a' faighinn buannachd bhon sgeama air feadh na h-Alba airson siubhal saor is an-asgaidh airson daoine nas sine agus airson daoine air bheil ciorram. Nì iad mu 145 millean tursan bus sa bhliadhna, a' riochdachadh mun treas cuid de na tursan bus air fad a nithear ann an Alba. Tha siubhal bus saor is an-asgaidh a' libhrigeadh fear de na prìomh ghealltanasan aig Riaghaltas na h-Alba, fear a tha sinn den bheachd a tha a' cruthachadh buannachdan airson gach duine a tha sean no aig a bheil ciorram aig a bheil còir air pas.

Tha e na rùn dhuinn leantainn oirnn a bhith a' toirt siubhal bus saor is an-asgaidh dhan fheadhainn aig a bheil am feum as motha air, agus mar sin tha sinn airson coimhead air na roghainnean gus dèanamh cinnteach gu bheil an sgeama seasmhach san fhad-ùine gus am faigh na daoine aig a bheil am feum as motha air siubhal bus saor is an-asgaidh fhathast.

Tha fios againn cuideachd mu na dùbhlain a th' aig an òigridh agus bidh sinn a' sireadh do bheachdan air a' mholadh againn siubhal bus an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra agus mar a dh'fhaodamaid sin a thoirt air adhart. Bidh sinn cuideachd a' moladh siubhal saor is an-asgaidh a thoirt do chloinn fo aois còig air a bheil ciorram iomchaidh agus nach eil a' tighinn fon Sgeama an-dràsta. Ge b'e dè thachras san àm ri teachd, tha mi airson aon rud a dhèanamh soilleir agus

bheir mi dhut gealladh cinnteach, **ma tha pas-bus agad, no ma gheibh thu fear mus tèid atharrachadh sam bith a dhèanamh, cha chaill thu e!** Gheibh an fheadhainn aig a bheil pas-bus mar-thà na buannachdan bhon Sgeama fhathast. A bharrachd air seo, cha bhi sinn a' dèanamh atharrachadh sam bith anns na slatan-tomhais airson pas fhaighinn do dhaoine air a bheil ciorram a bheireadh droch bhuidh orra.

Tha mi a' dèanamh fiughair ri do bheachdan a chluinntinn air na molaidhean againn.

Humza Yousaf
Ministear na Còmhdhail is nan Eileanan

Clàr-innse

Clàr-innse	3
A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo.....	4
Mun cho-chomhairle seo	4
Ceann-ama	4
Mar a nithear freagairt	4
Freagair air-loidhne.....	4
Clàr de dhòighean gus freagairt.....	5
Na h-ath cheuman	5
A bheil cuideachadh a dhith ort?	5
Na buannachdan bho shiubhal bus saor is an-asgaidh.....	6
Amasan an Sgeama	7
Slatan-tomhais gus pas fhaighinn	7
Àireamh nan daoine aig a bheil pas-bus.....	8
Figear 3 - Treand ann an tursan bus	10
Cosgaisean ro-mheasta airson siubhal bus saor is an-asgaidh san àm ri teachd 2.17 .Gach bliadhna bidh mu 70,000 duine ann an Alba a' ruigsinn aois 60. Aig an àm seo, faodaidh iad Cairt Airidheachd Nàiseanta fhaighinn a tha a' toirt dhaibh siubhal bus saor is an-asgaidh air slighean ionadail agus slighean fada air feadh na h-Alba.	11
Roghainnean air a bheilear a' beachdachadh.....	11
Àrdachadh ann an aois peinnean na stàite	12
Conaltradh ron obair cho-chomhairleachaidh.....	14
3 Siubhal bus saor is an-asgaidh airson Preantasan Ùra	15
4 Cairt do chompanaich aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram Sùil ghoirid air na molaidhean	17
Leas-phàipear A	19
Cùl-fhiosrachadh mu shiubhal bus an-asgaidh ann an Alba	19
Leas-phàipear B.....	21
Freagairtean Co-chomhairle Pàirt 1 - Foirm Fiosrachadh mun Neach-freagairt	21
Pàirt 2 – Ceistean mu roghainnean.....	22
Pàirt 3 - A' measadh buaidh	31
Co-ionannachd	31
Gnìomhachas is Riaghladh	32
Prìobhaideachd	32
Annex C Leas-phàipear C.....	34
Roghainnean ris nach eil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic.....	34

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Mun cho-chomhairle seo

1.1 Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas aig Riaghaltas na h-Alba gus poileasaidh a dhèanamh. Tha e a' toirt cothrom dhuinn do bheachdan a shireadh. Tha a' Cho-chomhairle seo a' toirt cunntas air na cuspairean air am bithear a' beachdachadh agus tha i a' faighneachd cheistean mu na tha sinn a' moladh. Às dèidh deireadh na co-chomhairle, foillsichidh sinn freagairtean far an d'fhuair sinn cead sin a dhèanamh.

1.2 Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fhianais. Cuidichidh freagairtean dhan Cho-chomhairle sinn gus riaghailtean is stiùireadh a chruthachadh airson an Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta san àm ri teachd.

Ceann-ama

1.3 Thig a' cho-chomhairle gu crìch aig meadhan oidhche air **17 Samhain 2017**.

Mar a nithear freagairt

1.4 Gus dèanamh cinnteach gun gabh tòrr dhaoine pàirt, tha Riaghaltas na h-Alba air grunn dòighean a chur air dòigh anns an urrainn dhut pàirt a ghabhail anns a' Cho-chomhairle. Faodaidh tu freagairt air loidhne, tro phost-d no tron phost.

1.5 Bidh a' Cho-chomhairle ri faighinn ann an cruthan eile ma thèid seo iarraidh, a' gabhail a-steach Clò-mòr, Braille agus Easy Read.

1.6 A bharrachd air a bhith a' foillseachadh na sgrìobhainn co-chomhairle seo, tha sinn cuideachd air bileag fiosrachaidh fhoillseachadh a ghabhas a luchdadh a-nuas bho làrach-lìn Còmhdhail Alba: www.transport.gov.scot/concessionary-travel/

Freagair air-loidhne

1.7 Gus freagairt air-loidhne, cleachd làrach Cho-chonaltraidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space, aig www.consult.scotland.gov.uk. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice uair sam bith fhad's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Ach dèan cinnteach gun cuir thu do fhreagairt a-steach ro dheireadh na co-chomhairle aig meadhan oidhche **17 Samhain 2017**.

1.8 Thèid lethbhreac den fhreagairt agad a chur thugad gu fèin-obrachail às dèidh dhut a cur a-staigh. Ma thaghas tu an dòigh seo, thèid iarraidh ort Foirm Fiosrachaidh an Neach-freagairt a lìonadh. Tha Foirm Fiosrachaidh an Neach-freagairt ag innse dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh.

1.9 No faodaidh tu foirm nam freagairtean aig Leas-phàipear B a lìonadh, a sganadh is a chur thugainn tro phost-d no tro bhith ga chur tron phost dhan t-seòladh air taobh-duilleig 4 gu h-ìosal.

Clàr de dhòighean gus freagairt

Air-loidhne	Faodaidh tu am foirm freagairt air làrach-lìn cho-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space, a chleachdadh aig www.consult.scotland.gov.uk/
Post-d	Cuir an freagairt agad ann am post-d gu concessionarytravelconsultation@transport.gov.scot Cuir Foirm Fiosrachaidh an Luchd-freagairt na chois.
Post	Cuir do fhreagairt sa Bheurla gu: Sgioba an t-Siubhail Lasaichte Còmhdhail Alba Area 2D-North Cidhe Bhictoria Dùn Èideann EH6 6QQ Cuir Foirm Fiosrachaidh an Luchd-freagairt na chois..

1.10 Leis na dòighean uile, feumaidh tu Foirm Fiosrachaidh an Neach-freagairt a chur thugainn ag innse dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh

1.11 Chithear seo ann an Leas-phàipear B gu h-ìosal..

Na h-ath cheuman

1.12 Às dèidh deireadh na co-chomhairle, nì sinn mion-sgrùdadh air na freagairtean uile a gheibhear agus cleachdadh sinn na beachdan a gheibh sinn bhuaibh nuair a bhios sinn a' cur ri chèile riaghailtean is stiùireadh airson an Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta. Far an deach cead a thoirt dhuinn, foillseachaidh sinn na freagairtean uile gu poblach aig www.consult.scotland.gov.uk. Thèid na freagairtean dhan cho-chomhairle agus an anailis fhoillseachadh an ceann greis.

A bheil cuideachadh a dhìth ort?

1.13 Ma tha taic a dhìth ort gus a' Cho-chomhairle seo a fhreagairt, ma tha ceist agad mun phròiseas cho-chomhairleachaidh, no ma tha gearan agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle a dhèanamh, faodaidh tu do bheachdan a chur: :

- tron phost-d gu concessionarytravelconsultation@transport.gov.scot
- no le bhith a, sgrìobhadh gu:

Sgioba an t-Siubhail Lasaichte
Còmhdhail Alba
Area 2D-North
Cidhe Bhictoria
Dùn Èideann
EH6 6QQ

2 Siubhal bus an-asgaidh do sheann daoine agus do dhaoine air a bheil ciorram

2.1 Bidh an sgeama làithreach airson seann daoine agus do dhaoine air a bheil ciorram, a' toirt seachad siubhal bus saor is an-asgaidh taobh a-staigh na h-Alba agus gu Carlisle agus Bearaig air seirbheis bus clàraichte sam bith do dhuine sam bith a tha a' fuireach ann an Alba, a tha aig aois 60 no nas sine no a tha a' coileanadh slatan-tomhais a thaobh ciorraim, agus a tha air iarrrtas a dhèanamh airson Cairt Airidheachd Nàiseanta (no "pas-bus") fhaighinn agus a tha air a' Chairt fhaighinn. A bharrachd air seo, faodaidh daoine a tha a' fuireach ann an Arcaibh, Sealtainn no sna h-Eileanan Siar agus aig a bheil còir air pas-bus fo na slatan-tomhais seo dà thuras fhaighinn gu tir-mòr is air ais gach bliadhna. Tha cunntas de na sgeamaichean siubhail lasaichte eachdraidheil ann an Alba ri fhaicinn ann an Leas-phàipear A..

Na buannachdan bho shiubhal bus saor is an-asgaidh

2.2 B' e fear de na h-amasan a chaidh a chur an cèill airson an Sgeama nuair a chaidh a stèidheachadh ann an 2006 gun toireadh e cothrom nas fheàrr do sheann daoine agus do dhaoine air a bheil ciorram air seirbheisean, goireasan agus lionraidhean sòisealta tro shiubhal an-asgaidh air seirbheisean bus sgeidealichte; agus mar sin gum brosnachadh e in-ghabhail sòisealta.

2.3 Chaidh rannsachadh a dhèanamh air buannachdan nan sgeamaichean siubhail lasaichte, a' gabhail a-steach aithisg le buidheann gnìomhachas nam busaichean, "The costs and benefits of concessionary bus travel for older and disabled people"¹.

2.4 Ann an Alba, rinn sinn rannsachadh air beachdan nan custamairean againn ann an 2013² agus 2014³ gus beachdan fhaighinn bho dhaoine aig an robh pas-bus tron sgeama.

2.5 Tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil daoine a' cur Luach san Sgeama agus gu bheil e ag obair gu math airson daoine aig a bheil pas-bus airson iomadh adhbhar, a' gabhail a-steach a bhith a' sàbhaladh airgid, a' lùghdachadh aonaranachd, a' toirt barrachd neo-eisimeileachd do dhaoine agus a' toirt barrachd misneachd do dhaoine mun chomas aca a bhith a' siubhal. Tha e a' sealltainn cuideachd mar a tha daoine aig a bheil pas-bus den bheachd gu bheil an Sgeama air cur ris an slàinte inntinn agus chorporra aca agus gu bheil e air gluasad-modh a bhrosnachadh eadar càr is còmh-dhail phoblach le barrachd cleachdadh ann de bhusaichean. Thuirt cha mhòr an dàrna leth de na freagairtean san t-suirbhidh againn gun robh iad a-nis a' dol air tursan nach biodh iad air dèanamh roimhe, gu

¹ www.greenerjourneys.com/wp-content/uploads/2014/09/Concessionary-travel-costs-and-benefits-September-2014.pdf

² www.transport.gov.scot/publication/concessionary-travel-customer-feedback-research-year-one-report/

³ www.webarchive.org.uk/wayback/archive/20160104171742/http://www.transportscotland.gov.uk/system/files/j329860.pdf

sònraichte airson tursan latha no a bhith a' tadhal air caraidean is teaghlach.

Amasan an Sgeama

2.6 Am measg prìomh amasan an sgeama, tha:-

- a' toirt cothrom nas fheàrr do sheann daoine agus do dhaoine air a bheil ciorram air seirbheisean, goireasan agus lìonraidhean sòisealta; agus mar sin a' brosnachadh in-ghabhail shòisealta
- a' brosnachadh slàinte tro bhith a' cur air adhart dòigh-beatha nas gnìomhaiche;;
- a' brosnachadh atharrachadh modhan-siubhail bho chàraichean prìobhaideach gu còmhdhail phoblach;
- suidheachadh “gun a bhith nas fheàrr dheth no nas miosa dheth” a bhith aig companaidhean bus tro reat ath-phàighidh stannardach;
- a' cruthachadh cothrom airson leasachaidhean ann an còmhdhail phoblach;
- a' brosnachadh toirt a-staigh cairtean-tapaidh.

2.7 Bho thoisich an Sgeama, tha atharrachaidhean beaga air a bhith ann, mar eisimpleir, a bhith a' dèanamh a' phròiseis gus iarrtas a dhèanamh nas fhasa airson daoine a bha anns na feachdan armaichte agus a tha a' coileanadh slatan-tomhais an Sgeama, agus atharrachaidhean ann an 2013 gus daoine a ghabhail a-steach a tha a' faighinn nam Pàighidhean Neo-eisimeileachd Pearsanta (PIP).


2.8 A bharrachd air seo, chaidh pasaichean-bus ùra a thoirt do dhaoine an àite nan seann phasaichean uile eadar 2014 is 2016. Thachair seo gus dèanamh cinnteach gum biodh na pasaichean comasach air teicneolas tapaidh a chleachdadh mar thoradh air adhartas ann an teicneolas bho 2006. Tha na pasaichean-bus a tha air am brannadh mar “**saltirecard**” a' dèanamh cinnteach gum faod daoine aig a bheil a' chairt teicneolas tapaidh a chleachdadh barrachd.

Slatan-tomhais gus pas fhaighinn

2.9 Tha na slatan-tomhais làithreach stèidhichte ann an reachdas ⁴.

⁴ www.legislation.gov.uk/ssi/2006/117/contents/made

Mar a thathar a' maoinachadh siubhal bus an-asgaidh



Figear 1 - Reat ath-phàighidh

2.10 Bidh daoine aig a bheil pas a' siubhal saor is an-asgaidh. Tha siubhal tron sgeama air a phàigheadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. 'S e prionnsabal aig an Sgeama nach bu chòir na companaidhean bus a bhith nas fheàrr dheth no a bhith nas miosa dheth mar thoradh air pàirt a ghabhail anns an Sgeama.

2.11 Bidh Riaghaltas na h-Alba a' pàigheadh nan companaidhean bus air ais airson a bhith a' giùlan daoine le pas-bus aig cosgais a chaidh aontachadh le riochdairean bho ghnìomhachas nam bus. 'S e an ìre ath-phàighidh (*reimbursement rate*) a chanar ri seo. Ann an 2006-7, chaidh an ìre a shuidheachadh aig 73.6% den fharadh singilte airson inbheach airson gach turais, agus mar thoradh gu ìre mhòr air atharrachaidhean anns a' mhodail eaconamach a chaidh a chleachdadh gus an ìre obrachadh a-mach, chaidh seo an lughad beag air bheag gu 56.9% den chosgais airson an fharaidh shingilte aig inbheach ann an 2017-18.

2.12 Mar sin, airson gach turas a nì cuideigin aig a bheil pas-bus air bus fon Sgeama, gheibh a' chompanaidh a tha a' ruith a' bhus 56% den fharadh àbhaisteach airson inbheach bho Riaghaltas na h-Alba.

Àireamh nan daoine aig a bheil pas-bus

2.13 Anns a' chiad bhliadhna den Sgeama, fhuair mu 900,000 duine Cairt Airidheachd Nàiseanta a' toirt còir dhaibh siubhal air busaichean saor is an-asgaidh. Tha an àireamh seo air leudachadh mean air mhean agus a-nis tha còrr is 1.3 millean duine aig a bheil


1.3 million people have
National Concessionary Travel
Scheme cards in Scotland



pas-bus fon Sgeama. A-mach às na daoine seo, bidh 1.13 millean a' faighinn pas-bus mar thoradh air aois agus mu 167,000 mar thoradh air a bhith a' coileanadh co-

dhiù aon de na slatan-tomhais a thaobh ciorraim. A-mach as an 167,000 duine seo, faodaidh 120,000 dhiubh companach a thoirt leotha air tursan gun chosgais.

2.14 Tha an graf a leanas a' sealltainn mar a tha àireamh nan daoine aig a bheil pas-bus air àrdachadh bho 2006.




Figear 2 - Treand àireamh nan daoine aig a bheil cairt siubhail

Tursan air an dèanamh le siubhal bus an-asgaidh

2.15 Rinn daoine aig a bheil pas-bus tron Sgeama còrr is 1,640 millean tursan air bus bho 2006. Chaidh an ìre cleachdaidh sìos gu ìre bheag eadar 2007-08 agus 2012-13, rud a thachair gu ìre aig an aon am ris a' ghluasad bho "seall is falbh" gu tiocaidan tapaidh. Bhon uair sin, tha seo air cothromachadh aig mu 145 millean turas sa bhliadhna, mun treas cuid de na tursan bus uile ann an Alba.


2.16 Airson iomadh adhbhar, a' gabhail a-steach barrachd chàraichean a bhith aig daoine, tha ìre cleachdaidh nam busaichean air a bhith a' dol an lughad gun sgr co-dhiù bho na 1960an. Eadar 2006-7 agus 2014-15 (chaidh am fiosrachadh as ùire a th' againn fhoillseachadh sa bhliadhna sin), chaidh àireamh nan tursan bus sìos bho 475 millean sa bhliadhna gu 414 millean sa bhliadhna. Thachair an lughdachadh as follaisiche aig an aon am ris an t-seacadh eaconamach agus tha an suidheachadh air a bhith rud beag na bu chunbhalaich anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Tha an graf gu h-ìosal a' sealltainn an treand seo thairis air an deich bliadhna mu dheireadh.



Figear 3 - Treand ann an tursan bus

Cosgaisean ro-mheasta airson siubhal bus saor is an-asgaidh san àm ri teachd

2.17 .Gach bliadhna bidh mu 70,000 duine ann an Alba a' ruigsinn aois 60. Aig an àm seo, faodaidh iad Cairt Airidheachd Nàiseanta fhaighinn a tha a' toirt dhaibh siubhal bus saor is an-asgaidh air slighean ionadail agus slighean fada air feadh na h-Alba.



Figear 4 - a' chosgais airson a bhith a' toirt seachad siubhal bus an-asgaidh

2.18 'S e rud fìor mhath a th' ann gu bheil daoine beò nas fhaide agus gum bi beathannan nas fallaine is nas gnìomhaiche aca. Ach, a chionn's gum bi barrachd seann daoine ann gach bliadhna, tha e coltach gun èirich cosgaisean an Sgeama barrachd.

2.19 'S e sin as adhbhar gu bheil sinn a' coimhead air roghainnean airson dèanamh cinnteach gun gabh cosgaisean an Sgeama a ghiùlan san àm ri teachd.

Roghainnean air a bheil a' beachdachadh

2.20 Tha rùn aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' toirt cothrom air siubhal bus saor is an-asgaidh do sheann daoine agus do dhaoine air a bheil ciorram. Tha na h-atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a tha a rèir an rùn seo uile a' gabhail a-steach a bhith a' togail na h-aois aig am faigh daoine pas. Anns a' phàipear seo, tha sinn ag iarraidh bheachdan air a' cheist am bu chòir beachdachadh air atharrachaidhean mar seo aig an àm seo, an dàrna cuid tro bhith a' togail na h-aois ann an aon cheum no a bhith ga h-atharrachadh gu aois Peinnsean na Stàite mean air mhean - aois a bhios aig an aon ìre airson fireannaich is boireannaich bho 2018..

2.21 Anns an obair chom-pàirteachaidh a rinn sinn aig ìre thràth le luchd-ùidhe, chaidh grunn mholaidhean eile a chur air adhart. Bha na molaidhean seo an dàrna cuid a' dol an aghaidh an rùn againn a bhith a' toirt seachad siubhal bus saor is an asgaidh, no bha duilgheadasan prataigeach ann a thaobh an cur an gnìomh agus

mar sin, chan eil Riaghaltas na h-Alba am beachd na molaidhean sin a thoirt air adhart. Tha sinn, ge-tà, toilichte èisteachd ri molaidhean eil an àite nam molaidhean seo agus mar sin, tha am pàipear a' toirt cuireadh do dhaoine beachdan a thoirt seachad air molaidhean a bharrachd no molaidhean an àite an fheadhainn seo gus an sgeama a leasachadh agus gus a dhèanamh nas seasmhaiche. Tha na molaidhean eile a chaidh a thogail aig a' chonaltradh tràth a rinneadh air an liostadh ann an Leas-phàipear C cho math ris na h-adhbharan a tha a' fàgail nach eil sin a' toirt taic do na molaidhean sin.

Sùil ghoirid air na molaidhean

What are the options for change? Dè na roghainnean a th' ann airson atharrachadh?

Bidh an Sgeama a' cosg mu £192m sa bhliadhna, agus bidh mu 70,000 Albannach a' ruigsinn aois 60 gach bliadhna

Mas e is gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air an Sgeama, 's e na roghainnean as fheàrr leinn, a rèir ar rùn a bhith a' leantainn oirnn le bhith a' toirt seachad siubhal bus an-asgaidh dhan fheadhainn aig a bheil am feum as motha air, a bhith ag àrdachadh na h-aois aig am faigh daoine pas gus am bi e a rèir Aois a' Pheinnsein. Mar sin, is urrainn dhuinn:-

- an sgeama fhàgail mar a tha e, a' fàgail nan slatan-tomhais airson pas fhaighinn mar a tha iad aig an àm seo; no
- an aois aig am faigh daoine pas àrdachadh an dà chuid airson fireannach agus airson boireannaich ann an aon cheum bho 60 gu aois Peinnsean na Stàite (airson boireannaich) nuair a thèid sin atharrachadh, agus an uair sin, ga h-atharrachadh a rèir àrdachaidhean eile ann an aois Peinnsean na Stàite, a tha gu bhith ag àrdachadh gu 67 eadar 2026 agus 2028; no
- an aois gus pas fhaighinn àrdachadh do dh'fhìreannaich agus do bhoireannaich gu aois Peinnsean na Stàite ceum air cheum, gus am toireadh e nas b' fhaide an aon aois a ruigsinn agus gun toireadh e buaidh na bu lugha air na tha daoine a tha faisg air aois 60 an dùil faighinn.

Faic Ceistean 2 is 3 ann an Leas-phàipear B gu h-ìosal airson barrachd fiosrachaidh.

Àrdachadh ann an aois peinnsean na stàite


2.22 Tha sinn ag aithneachadh gu bheil an clàr-ama airson an atharrachaidh air aois, agus cho luath sa thèid an t-atharrachadh a chur an gnìomh, a cheart cho cudromach ris an atharrachadh fhèin. Chaidh am puing seo a thogail leis a' bhuidheann iomairt Women Against State Pension Inequality (WASPI) agus daoine eile, a tha air sealltainn gu bheil neo-ionannachd ann do bhoireannaich san dòigh anns an deach atharrachaidhean a dhèanamh air aois Peinnsean na Stàite airson boireannaich. Bha planaichean ann an Achd Peinnsean na Stàite 1995 gus aois peinnsein na stàite atharrachadh airson boireannaich bho 60 gu 65 gus am biodh e aig an aon aois ri aois peinnsean nam fireannach.

2.23 Tha WASPI ag aontachadh ris a' phrionnsabal gum bi cothromachadh ann an aois a' pheinnsein ach chan ann leis an dòigh mhì-chothromaich anns an deach na

h-atharrachaidhean a dhèanamh. Mar thoradh air an dòigh anns an deach na h-àrdachaidhean a thoirt a-steach, cha deach innse do na ceudan de mhiltean de bhoireannaich a rugadh anns na 1950an, air an tug na h-atharrachaidhean buaidh, mu dheidhinn nan atharrachaidhean aig an àm agus tha iad dìreach air ionnsachadh bho chionn goirid gum biodh aca ri obrachadh airson suas ri còig bliadhna na b'fhaide na bha iad an dùil. Fhuair deagh chuid de na boireannaich litir ag innse dhaibh mu àrdachaidhean nach bu bheag ann an aois Peinnean na Stàite dìreach bliadhna no dhà mus robh iad an dùil Peinnean na Stàite fhaighinn aig aois.

2.24 Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri WASPI agus iad a' togail na cùise le Riaghaltas na RA. Mas e is gun dèanamaid atharrachadh ris an aois airson siubhal bus saor is an-asgaidh do sheann daoine, bhiodh againn ri beachdachadh gu faiceallach air mar a dhèanamaid seo ann an dòigh cheart is chothromach. Anns na roghainnean gu h-ìosal, tha sinn air moladh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh atharrachadh a thoirt a-staigh mean air mhean gus am biodh rabhadh gu leòr ann mu atharrachadh sam bith air aois. Airson pasaichean-bus, tha seo buntainneach an dà chuid do dh'fhir agus do bhoireannaich a chionn 's gu bheil an aois gus siubhal bus saor is an-asgaidh fhaighinn a rèir a chèile.

2.25 Tha an diagram gu h-ìosal a' sealltainn an eadar-dhealachaidh do dhaoine aig diofar aoisean ann an 2017 eadar an suidheachadh a th' ann aig an àm seo (a' fhaighinn pas-bus aig aois 60) agus a bhith a' gluasad an dàrna cuid dìreach gu aois Peinnean na Stàite, no a bhith a' gluasad gu aois Peinnean na Stàite mean air mhean le bhith a' toirt a-staigh nan ullachaidhean ùra ann an ceumanna de +6 mìosan, no +12 mìosan airson daoine a tha sna 50an ann an 2017.



Figear 5 - A' bhuaidh aig na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh air daoine aois 50+ ann an 2017

Conaltradh ron obair cho-chomhairleachaidh

2.26 Chaidh aontachadh air na roghainnean ann an Leas-phàipear B às dèidh chòmhradh anns na beagan mhìosan mu dheireadh le grunn bhuidhnean luchd-ùidh. Anns na còmhradh seo, chaidh grunn bheachdan a thogail mu mar a b' urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum biodh an Sgeama seasmhach san ùine fhada. Chan eil cuid de na molaidhean sin a rèir ar rùin siubhal bus an-asgaidh a bhith ann agus tha cuid eile doirbh a chur an gnìomh no a ruith, a rèir coltais.

2.27 Ach chan eil sinn airson bacadh a chur air còmhradh agus tha sinn a' sireadh bheachdan eile no beachdan an àite an fheadhainn a th' againn, a' gabhail a-steach a' cheist am bu chòir atharrachadh a bhith ann do na slatan-tomhais làthaireach aig an Sgeama idir.

2.28 Bu toil leinn taing a thoirt do dh'iomadh buidheann is iomadh duine fa leth airson a bhith a' gabhail pàirt agus a' cuideachadh gus a' Cho-chomhairle seo a chur ri chèile.

2.29 Tha sinn a' cur fàilte air do bheachdan air an Sgeama. Ann an Leas-phàipear B, tha ceistean ann a tha a' faighneachd am bu chòir slatan-tomhais an Sgeama a thaobh aois fuireach mar a tha e (Ceist 1), no am bu chòir dhuinn atharrachadh gus am bi e nas fhaisg air aois Peinnsean na Stàite, an darna cuid ann an aon cheum no mean air mhean (Ceistean 2 is 3) no a bheil moladh eile sam bith agad (Ceist 6).

3 Siubhal bus saor is an-asgaidh airson Preantasan Ùra

Sùil ghoirid air na molaidhean

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh siubhal bus saor is an-asgaidh airson Preantasan Ùra òga agus tha sinn air moladh gum faodadh seo a bhith ag amas air an fheadhainn a tha fo 21. Le siubhal an-asgaidh air busaichean, bhiodh Preantasachdan Ùra na bu ruigsinniche dhan òigridh uile. Tha sinn den bheachd gum biodh slighe nam Preantasachdan Ùr nas tarraingiche do dh'òigridh, agus is dòcha do luchd-fastaidh cuideachd, mar thoradh air seo.

Tha Ceist 4 ann an Leas-phàipear B gu h-ìosal a' sireadh bheachdan am bu chòir siubhal bus an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra, air am bu chòir seo a chuimseachadh air Preantasan Ùra fo aois 21, agus air dòighean eile gus Preantasan Ùra a chuimseachadh le cosgaisean siubhail. .

3.1 Anns an t-Sultain 2016, dh'ainmich am Prìomh Mhinistear ann am Prògram an Riaghaltais gum biodh an Riaghaltas ag obair gus siubhal an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra fo aois 21

3.2 Thathar ag aithneachadh gur e fìor dheagh dòigh gus sgilean, agus eòlas fhaighinn a th' ann am Preantasachd Ùr agus gur e deagh dhòigh a th' ann gus teisteanas a chosnadh tro obair. Tha iad seo a' toirt cothrom do dhaoine cosnadh fhad's a tha iad ag ionnsachadh agus a bhith a' cur ri stòras nan sgilean againn, agus mar sin a bhith a' cur ri leasachadh eaconomach.

3.3 Tha Riaghaltas na h-Alba airson Sgeama nam Preantasachdan Ùra a dhèanamh nas motha, nas fharsainge agus nas fheàrr mar phàirt den rùn aige a bhith a' libhrigeadh 30,000 cothroman airson Preantasachdan Ùra gach bliadhna ro 2020. Tha an rùn seo a' gabhail a-steach fòcas leantainneach air preantasachdan aig àrd-ìre, gu sònraichte ann am Frèamaichean Saidheans, Teicneolais, Innleadaireachd agus Matamataig. Tha e coltach gun tèid am fàs seo a' cuimseachadh gu sònraichte air òigridh.

3.4 Ann an 2016-17, thòisich 26,262 daoine air Preantasachdan Ùra. Air 5 Màrt am-bliadhna, shuidhich sinn targaid de 27,000 de dhaoine a' tòiseachadh air Preantasachdan Ùra ann an 2017-18

3.5 Ach, gus am bi Preantasachdan Ùra tarraingeach do dh'òigridh a tha airson tòiseachadh san t-saoghal obrach, feumaidh sinn dèanamh nas urrainn dhuinn gus taic a thoirt seachad far a bheil sin a dhìth. Tha an gealltanais gus siubhal bus saor is an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra mar phàirt de seo

3.6 Tha sinn ag aithneachadh gu bheil an t-slighe a-steach dhan àite-obrach uaireannan dùbhlanaich agus gun cuir e cosgaisean ris nach eilear an dùil air buidseatan cuingichte uaireannan. Tha an gealltanais gum bi siubhal bus an-asgaidh ann ann gus co-dhiù aon de na dùbhlain seo a thoirt air falbh bhon phreantas òg a tha airson a sgilean a thoirt air adhart. Ach feumaidh sinn dèanamh cinnteach gur e an rud a bhios sinn a' targasainn an rud a bhios a dhìth air na Preantasan Ùra

3.7 Tha Ceist 4 ann an Leas-phàipear B gu h-ìosal ag iarraidh do bheachd air a' mholadh gus siubhal bus saor is an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra. Tha e cuideachadh sireadh bheachdan air a' mholadh gum bu chòir seo a bhith ann airson Preantasan Ùra a tha fo aois 21 a-mhàin, agus a' faighneachd a bheil roghainnean nas fhèarr ann airson cuideachadh le cosgaisean siubhail nam Preantasan Ùra.

4 Cairt do chompanaich aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram

Sùil ghoirid air na molaidhean

Mar as trice, bidh clann fo aois 5 a' siubhal air busaichean saor is an-asgaidh. Mar sin, bidh cothrom air pas-bus do dhaoine air a bheil ciorram a' tòiseachadh aig aois 5. Ach, tha seo a' ciallachadh gum feum pàrantan is luchd-cùraim aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram pàigheadh airson siubhal air a' bhus gus am faigh an duine-cloinne air a bheil ciorram iomchaidh cairt do chompanach no pas-bus aig aois 5. Thèid pas-bus do chompanach a thoirt do chuideigin nach eil comasach air siubhal leotha fhèin agus faodaidh an companach aca siubhal còmhla riutha saor is an-asgaidh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun cuir iad an suidheachadh seo ceart le bhith a' toirt cothrom do chloinn fo aois 5 air pas-bus do chompanach far a bheil seo a dhìth.

Faic Ceist 5 ann an Leas-phàipear B gu h-ìosal airson barrachd

4.1 Mar phàirt den cho-chomhairle seo, tha sinn a' feuchainn ris an uireasbhaidh anns an Sgeama a cheartachadh far nach eil cothrom aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram air pas-bus do chompanach



4.2 Mar phàirt den obrachadh choimeirsealta aca, bidh a' mhòr-chuid de chompanaidhean bus a' toirt seachad siubhal saor is an-asgaidh do chloinn fo aois 5.

Mar sin, chan eil na slatan-tomhais gus pas fhaighinn, a' gabhail a-steach an fheadhainn fo aois 5 fiù 's ma bhios ciorram orra.

Figear 2 – Chan fhaigh clann fo aois 5 air a bheil ciorram Cairt do Chompanach

4.3 Fon Sgeama, gheibh daoine air a bheil ciorram cairt do chompanach ma tha iad aig an aois airson fàraidhean a phàigheadh (còig no na sine), ma tha iad feumach air taic le bhith siubhal agus ma tha iad a' faighinn (i) an ìre mheadhanach no àrd den cho-phàirt cùraim den Chuibhreann-ciorraim Bith-beò (*Disability Living Allowance - DLA*), (ii) a' cho-phàirt bith-beò làitheil den Phàigheadh Neo-eisimileachd Pearsanta no (iii) Cuibhreann Frithealaidh no ma tha iad clàraichte mar cuideigin a tha dall.

4.4 Tha seo a' ciallachadh nach fhaigh coilean clann fo aois 5 air a bheil ciorram na slatan-tomhais airson cairt fhaighinn do chompanach ged a bhiodh iad a' faighinn cairt do chompanach nan robh iad na bu shine.

4.5 Nan rachadh an Sgeama a leudachadh gus cairtean a thoirt do chompanaich aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram, stèidhichte air slatan-tomhais làithreach an Sgeama a thaobh ciorraim, tha sinn air tuairmseachadh gun cuireadh seo suas ri £623,000 ri cosgaisean na Sgeama agus gum biodh mu 3,210 daoine a bharrachd aig am biodh pas-bus.

4.6 Mar sin, tha Ceist 5 gu h-ìosal a' sireadh do bheachd air moladh gus an sgeama a leudachadh do chloinn fo aois 5 air a bheil ciorram.

4.7 Chan eil plana sam bith againn atharrachadh a dhèanamh air na slatan-tomhais airson daoine air a bheil ciorram a bheireadh droch bhuaidh orra. .

Leas-phàipear A

Cùl-fhiosrachadh mu shiubhal bus an-asgaidh ann an Alba

1 Chaidh an Sgeama Nàiseanta airson Siubhal Bus a thoirt a-staigh air 1 Giblean 2006 às dèidh cho-chomhairle phoblach agus còmhraidhean le daoine aig a bheil ùidh sa chùis a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, companaidhean bus agus Comataidh So-ghluasadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (*Mobility and Access Committee for Scotland - MACS*). Bha an obair cho-chomhairleachaidh a' coimhead air farsaingeachd an Sgeama a bha air a mholadh agus a' coimhead air cò bu chòir siubhal an-asgaidh fhaighinn mus deach an Sgeama aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba.

2 Thog seo air aonta a chaidh a ruigsinn eadar Riaghaltas na h-Alba agus Co-chaidreachas Còmh-dhail an Luchd-siubhal *Confederation of Passenger Transport - CPT*), às leth companaidhean bhuisaichean, gus sgeama siubhal bus nàiseanta a libhrigeadh airson daoine a choileanadh slatan-tomhais, agus le pàighidhean dhan ghnìomhchas aig ìrean a chaidh aontachadh.

3 Chaidh aontachadh gur e an t-amas a bhiodh an an Sgeama gum faigheadh daoine siubhal an-asgaidh nan robh iad aois 60 no nas sine no nan robh ciorram orra a bha a' toirt bacadh nach bu bheag air a' ghluasadachd aca agus air a' chomas a bh' aca na gnothaichean làitheil aca a dhèanamh.

Eachdraidh de sgeamaichean lasaichte eile ann an Alba

4 . Rè nan 1980an agus 1990an, ruith ùghdarrasan ionadail na h-Alba, agus phàigh iad airson, sgeamaichean siubhal lasaichte airson buidhnean sònraichte de dhaoine, a' gabhail a-steach seann daoine, daoine air a bheil ciorram agus daoine òga. Mu dheireadh, bha 16 sgeamaichean lasaichte eadar-dhealaichte ann, le gach ùghdarras ionadail a' gabhail pàirt, le diofar riaghailtean agus ìrean ath-phàighidh.

5 Bha eadar-dhealachadh mòr anns na buannachdan is cuingealachaidhean aig na sgeamaichean seo oir bha e an urra ri gach Comhairle co-dhùnadh de an dòigh a b' fheàrr gus feumalachdan ionadail a choileanadh. Bhiodh cuid de na sgeamaichean a' tabhann siubhal an-asgaidh, cuid eile siubhal aig leth-phris agus ann an aon sgeama, bha lasachadh ann airson a' chiad 10 mìle de thuras sam bith. Bha cuid de na sgeamaichean seo airson siubhal taobh a-staigh crìochan an ùghdarras sin a-mhàin. Bha cuid de na sgeamaichean aig barrachd air aon Chomhairle còmhla, a' ceadachadh siubhal taobh a-staigh sgìrean gach comhairle a bha an sàs san sgeama, agus bha cuid a' ceadachadh a bhith a' siubhal gu àiteachan air an sònrachadh taobh a-muigh sgìre na Comhairle. Bha bacaidhean air cuid de na sgeamaichean air siubhal aig amannan tranga ach cha robh aig cuid eile.

6 Bhon Dàmhair 2002, chaidh bun-tomhas nàiseanta a chuir air na sgeamaichean ionadail gum biodh siubhal bus an-asgaidh ann taobh a-muigh nan amannan as trainge aig a' char as ìsle. Air 1 Giblean 2003, chaidh na sgeamaichean a leudachadh gus am faigheadh fir aois 60-64 na h-aon buannachdan siubhail ri boireannaich aois 60+. Roimhe sin, bhiodh fireannaich a' faighinn còir air pas aig aois 65.

Leas-phàipear B

Freagairtean Co-chomhairle

Pàirt 1 - Foirm Fiosrachadh mun Neach-freagairt

THOIR AN AIRE GUM FEUMAR AM FOIRM SEO A CHUR AIR AIS LEIS AN FHREAGAIRT AGAD

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn?

- Neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Bu toil le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn bhut gus an fhreagairt agad dhan cho-chomhairle a fhoillseachadh. Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foilleachadh na freagairt agad:-

- Foillsich freagairt le ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun urra)
- Na foillsich an fhreagairt

Co-roinnidh sinn an fhreagairt taobh a-staigh na buidhnean le sgiobaidhean poileasaidh eile ann an Riaghaltas na h-Alba a dh'fhaodadh a bhith a' coimhead air na cuspairean a thogas thu sa cho-chomhairle. Dh'fhaodte gum bi iad airson fios a chur thugad a-rithist san àm ri teachd, ach feumaidh iad cead bhut gus sin a dhèanamh. A bheil thu toilichte gun cuireadh Riaghaltas na h-Alba fios thugad a-rithist mu dheidhinn na Co-chomhairle seo?

- Tha
- Chan eil

Pàirt 2 – Ceistean mu roghainnean

No Gun atharrachadh sam bith air slatan-tomhais an Sgeama a thaobh aois

Am bu chòir dhuinn na slatan-tomhais gus pas-bus fhaighinn a chumail mar a tha iad?

A bheil thu den bheachd gum bu chòir slatan-tomhais aois an Sgeama a bhith air an cumail mar a tha iad? Aig an àm seo, gheibh a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba am pas-bus air an 60mh co-latha-breith aca agus faodaidh iad siubhal saor is an-asgaidh aig àm sam bith den latha, air seirbheisean sgeidealichte air feadh na h-Alba gun bhacadh sam bith air àireamh nan tursan.

Tha cosgaisean an Sgeama air èiridh thairis air na bliadhnaichean gu beagan is £190 millean ann an 2016-17. A bharrachd air seo, bidh mu 70,000 dhuinn a' ruigsinn aois 60 gach bliadhna agus thathar an dùil gun èirigh am figear sin gu 76,000 ro 2021. Tha seo a' cur cuideam a bharrachd air cosgaisean, a' togail cheistean mu cho seasmhach sa bhios an Sgeama anns a' chruth làithreach aige.

Fiù 's mas e is gu bheil thu den bheachd nach bu chòir atharrachadh sam bith a bhith ann a thaobh aois aig an àm seo, nach beachdaich sibh air na roghainnean ann an ceistean 2 is 3 gu h-ìosal.

Ceist 1

A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir dhuinn na slatan-tomhais làithreach airson an Sgeama a chumail?

Tha

Chan eil

Cleachd am bogsa gu h-ìosal airson barrachd fiosrachaidh.

Mo bheachdan:

Roghainnean gus an Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta atharrachadh

Atharraich aois a' phas-bus airson fireannaich is boireannaich gu aois Peinnsean Stàite nam ban ann an aon cheum

Dè a th' ann?

Thathar ag atharrachadh aois Peinnsean Stàite nam ban gus am bi e co-ionnan ri aois Peinnsean nam Fear, gus an ruig iad aois Peinnsean na Stàite aig 65 bhon t-Samhain 2018. A bharrachd air seo, bidh aois peinnsean nam fear is nam ban ag àrdachadh gu 66 ann an 2020 agus gu 67 eadar 2026 agus 2028.

Bhiodh am moladh seo a' suidheachadh na h-aois gus siubhal bus saor is an-asgaidh fhaighinn aig Aois Peinnsean na Stàite airson boireannaich bho 2018. □

Dè tha e a' ciallachadh dhomhsa?

Tha àireamhair feumail aig Riaghaltas na RA gus faighinn a-mach cuine a ruigeas tu aois Peinnsean na Stàite:-
www.gov.uk/state-pension-age

Dè bhios e a' cosg no a' sàbhaladh?

Ma thèid na slatan-tomhais a thaobh aois àrdachadh sa bhad gu aois Peinnsean Stàite nam ban, rachadh cosgaisean an lughad mu £10 millean sa chiad bhliadhna agus biodh seo ag àrdachadh gu mu £65 millean ro 2022-23.

Bidh aois peinnsean nam fear is nam ban ag àrdachadh gu 66 ann an 2020 agus gu 67 eadar 2026 agus 2028. Mar thoradh air seo, bhiodh sàbhalaidhean ann de mu £83 millean gach bliadhna ann an 2023-24 agus rachadh seo suas gu mu £111 millean ann an 2026-27

Dè an fhianais a th' ann airson nan cosgaisean/sàbhalaidhean seo?

Nan rachadh an aois gus cairt fhaighinn àrdachadh, bhiodh nas lugha de dhaoine ann aig an robh cairt, a' fàgail gum biodh nas lugha de thursan ann agus gum biodh a' chosgais do Riaghaltas na h-Alba na b' isle. Ann nan 2022-23, bhiodh cairt aig 350,000 na bu lugha de dhaoine na bhiodh ann nan rachadh an aois làithreach de 60 a chumail. Ann an 2026-27, bhiodh seo a' fàs gu mu 520,000

Ceist 2

A bheil thu airson an slat-tomhais gus pas fhaighinn atharrachadh gu aois Peinnean Stàite nam ban san dòigh seo?

Tha

Chan eil

Minich na freagairtean agad.

Àrdaich an slat-tomhais gus pas fhaighinn gu aois Peinnean Stàite nam ban thairis air grunn bhliadhnaichean

Dè a th' ann?

Thathar ag atharrachadh aois Peinnean Stàite nam ban gus am bi i co-ionnan ri aois Peinnean nam Fear, gus an ruig iad aois Peinnean na Stàite aig 65 bhon t-Samhain 2018. A bharrachd air seo, bidh aois peinnean nam fear is nam ban ag àrdachadh gu 66 ann an 2020 agus gu 67 eadar 2026 agus 2028.

B' urrainn na slatan-tomhais a thaobh aois a ghluasad nas fhaisg air aois Peinnean Stàite nam ban an dàrna cuid:-

- le aon bhliadhna gach bliadhna; no
- le sia mìosan gach bliadhna

Dè tha seo a' ciallachadh dhomhsa?

Ma thèid an t-atharrachadh a thoirt a-staigh nas slaodaiche, tha e a' ciallachadh gum faigheadh na daoine air an toir an t-atharrachadh buaidh anns na bliadhnaichean tràtha na pasaichean-bus aca às dèidh aois 60 ach ro aois Peinnean Stàite nam ban.

Ma thèid an aois a thogail mean air mhean airson an fheadhainn a tha ann am am meadhan nan 50an no a tha a' sreap ri 60, ghabhadh a dhèanamh ann an tè de na dòighean seo:-

(A) Nan rachadh an aois gus pas fhaighinn a thogail le **aon bhliadhna gach bliadhna**, bhiodh sin ag àrdachadh na h-aois aig am faigheadh daoine a tha a' sreap ri 60 na pasaichean bus aca ach chan eil seo a' ciallachadh gum biodh aca ri fuireach gus an ruig iad aois Peinnsean na Stàite. Bhiodh cuideigin a ruigeadh aois 59 ann an 2017 a' faighinn cothrom air pas-bus air an 61mh co-latha-breith aca ann an 2019, gheibheadh cuideigin a ruigeadh aois 58 ann an 2017 pas-bus air an 62mh co-latha-breith aca ann an 2021, gheibheadh cuideigin a ruigeadh aois 57 ann an 2017 pas-bus air an 63mh co-latha-breith aca ann an 2023 is mar sin air adhart. Bhiodh daoine a bha 54 no na b'òige ann an 2017 comasach air pas fhaighinn air an 66mh co-latha-breith aca.

(B) Nan rachadh an slat-tomhais a thaobh aois àrdachadh le **leth-bhliadhna gach bliadhna**, bhiodh seo ag àrdachadh an aois aig am faigheadh daoine a tha 55+ am pas-bus aca ach aig ìre nas slaodaiche. Bhiodh cuideigin a ruigeadh aois 59 ann an 2017 a' faighinn cothrom air pas-bus sia mìosan as dèidh an 60mh co-latha-breith aca, bhiodh cuideigin a ruigeadh aois 58 ann an 2017 a' faighinn cothrom air pas-bus air an 61mh co-latha-breith aca, bhiodh cuideigin a ruigeadh aois 57 ann an 2017 a' faighinn cothrom air pas-bus sia mìosan às dèidh an 61mh co-latha-breith is mar sin air adhart. Bhiodh daoine a bha 48 no na b'òige ann an 2017 comasach air pas fhaighinn air an 66mh co-latha-breith aca.

Nan rachadh an slat-tomhais a thaobh aois dìreach àrdachadh gun a bhith ga thoirt a-steach mean air mhean, bhiodh cuideigin a tha 59 ann an 2017 dìreach a' faighinn cothrom air pas-bus ann an 2024 nuair a ruigeas iad aois Peinnsean na Stàit.

Bhiodh an dòigh-obrach seo a' feuchainn ri aghaidh a chur air na ceistean a chaidh a thogail le WASPI agus lùghdaicheadh seo a' bhuidh a bhiodh aig na h-atharrachaidhean air daoine a tha faisg air an aois làithreach gus pas fhaighinn le bhith a' dèanamh cothromachadh na b' fheàrr eadar meud an atharrachaidh agus an ùine rabhaidh

Dè bhios e a' cosg no

Le bhith a' togail nan slatan-tomhais a thaobh aois bhon Ghiblean 2018 le aon bhliadhna gach bliadhna gus am biodh e aig an aon

a’
sàbhaladh
?

aois ri aois Peinnean Stàite nam ban, lùghdachadh seo na cosgaisean mu £11 millean anns a’ chiad bhliadhna shlàn, ag àrdachadh gu mu £40 millean ro 2022-23.

Bhiodh an tè na bu shlaodaiche de na dòigh-obrach ceum air cheum seo a’ lùghdachadh cosgaisean mu £5 millean sa chiad làn bhliadhna, figear a bhiodh ag àrdachadh gu mu £27 millean ro 2022-23.

Dè an
fhianais a
th’ ann
airson nan
cosgaisean/
sàbhalaidhe
an seo?

Ma thèid an aois airson pas fhaighinn àrdachadh, chuireadh seo àireamh nan daoine aig a bheil pas an lughad agus mar sin, rachadh an àireamh de thursan agus a’ chosgais do Riaghaltas na h-Alba sìos cuideachd. Mar eisimpleir, nan rachadh an aois àrdachadh le leth-bhliadhna gach bliadhna, thathar a’ meas gum bi mu 157,000 daoine nas lugha a’ faighinn pas-bus ro 2023-24 an taca ris an àireamh a bhiodh ann nan rachadh an aois làithreach de 60 a chumail.

Sàbhalaidhean bliadhna a dh'fhaodadh a bhith ann (£millean)	2018-19	2019-20	2020-21	2021-22	2022-23
(A) Slat-tomhais aois + bliadhna	£11m	£11m	£24m	£25m	£40m
(B) Slat-tomhais aois + 0.5 bliadhna	£5m	£11m	£12m	£19m	£27m

Ceist 3

A bheil thu airson an slat-tomhais gus pas fhaighinn atharrachadh gu aois Peinnean Stàite nam ban mean air mhean?

Tha Chan eil

Ma tha, dè an ìre?

Le 1 bhliadhna gach bliadhna

Le leth bhliadhna gach bliadhna

Mìnich na freagairtean agad

Siubhal bus saor is an-asgaidh airson Preantasan Ùra

Dè a th' ann?

Bhiodh òigridh a tha an sàs ann am frèamaichean Preantasachd Ùra a tha clàraichte le Leasachadh Sgìlean Alba comasach air siubhal bus saor is an-asgaidh fhaighinn. Dh'fhaodte gum biodh seo a' cuimseachadh air Preantasan Ùra fo aois 21.

Dè tha e a' ciallachadh dhomhsa?

Ma tha thu nad Phreantas Ùr a tha a' tighinn fon sgeama, gheibheadh tu siubhal bus saor is an-asgaidh.

Dè bhios e a' cosg no a' sàbhaladh?

Chosgadh e mu £8m gach bliadhna gus siubhal bus saor is an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra fo aois 21. Nan rachadh e a thoirt do gach Preantas Ùr, bhiodh seo a' dùblachadh an fhigeir sin.

Dè an fhianais a th' ann airson nan cosgaisean/sàbhalaidhean seo?

Tha mu 20,300 preantasan ùra ann eadar aois 16 is 20. Stèidhichte air mar a bhios daoine den aois seo a' siubhal agus air ìre-chleachdaidh na cairt, thathar an dùil gun cosgadh seo mu £8 millean sa bhliadhna.

Ceist 4

A bheil thu airson siubhal bus an-asgaidh a thoirt do Phreantasan Ùra?

Tha

Chan eil

Am bu chòir seo a bhith a' cuimseachadh air Preantasan Ùra fo aois 21?

Bu chòir

Cha bu chòir

A bheil dòigh nas fheàrr ann gus taic a chumail ri cosgaisean siubhal nam Preantasan Ùra?

Tha

Chan eil

Ma tha, thoir dhuinn barrachd fiosrachaidh gu h-ìosal.

Mìnich na freagairtean agad

Cairt do chompanaich aig clann fo aois 5 air a bheil ciorram

Dè a th' ann?	Thoir cothrom air cairt do chompanach do chlann fo aois 5 air a bheil ciorram far a bheil seo a dhìth gus an urrainn do phàrant no neach-cùraim siubhal saor is an-asgaidh. Chan urrainn do chlann fo aois 5 pas-bus airson nan daoine air a bheil ciorram fhaighinn oir mas as trice, bidh iad a' siubhal saor is an-asgaidh.
----------------------	---

Dè tha e a' ciallachadh dhomhsa?	Feumaidh am pàrant no an neach-cùraim a tha còmhla ris an duine-cloinne pàigheadh airson an cuid siubhail fhèin gus am bi cothrom aig an duine-cloinne sin air cairt do chompanach air a' chòigeamh co-latha-breith aca. Bheireadh seo cothrom dhan phàrant no neach-cùraim a bhith a' siubhal còmhla ri clann fo aois 5 air a bheil ciorram iomchaidh saor is an-asgaidh.
---	--

Dè bhios e a' cosg no a' sàbhaladh?	Tha sinn a' creidsinn gu bheil mu 3,210 clann air a bheil ciorram fo aois 5 a gheibheadh buannachd bho chairt do chompanach. Cosgaidh seo beagan is £600,000 gach bliadhna.
--	---

Dè an fhianais a th' ann airson nan cosgaisean/sàbhalaichean seo?	Tha mu 3,210 duine-cloinne ann an Alba aig an àm seo aig a bheil a' chòir air a' cho-phàirt Bith-beò aig an ìre Mheadhanach no an ìre as Àirde air/neo air an ìre as Àirde den cho-phàirt gluasadachd den Chuibhreann-ciorraim Bith-beò (DLA). <input type="checkbox"/> Stèidhichte air an àireimh chuibheasaich de thursan a bhios daoine aig a bheil pas-bus a' gabhail agus air a' chosgais làithreach a thèid pàigheadh air ais, chosgadh e beagan is £600,000 airson cothrom co-ionann a thoirt do chloinn air a bheil ciorram aig aois sam bith air cairtean do chompanaich.
--	--

Ceist 5

A bheil thu airson gun tèid cairt do chompanach a thoirt do chlann fo aois 5 air a bheil ciorram far a bheil feum air seo?

Tha

Chan eil

Mìnich na freagairtean agad.

A bheil ceist sam bith eile ann a tha thu airson togail nach eil air a togail gu h-àrd?

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air beachd no moladh sam bith eile mun Sgeama agus mar a ghabhadh a leasachadh no a dhèanamh nas seasmhaich.

Ceist 6

A bheil beachd sam bith eile agad mu na ceistean a chaidh a thogail sa chonaltradh seo?

Tha

Chan eil

Ma tha, cleachd am bogsa gu h-ìosal airson barrachd fiosrachaidh.

Mo bheachdan:

Pàirt 3 - A' measadh buaidh

Co-ionannachd

1 Agus sinn a' beachdachadh air atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann air an Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta ann an Alba, mar thoradh air riatanas co-ionannachd na roinn poblaich, feumaidh Riaghaltas na h-Alba aire iomchaidh a thoirt air an fheum:

- cur an aghaidh leth-bhreith, gabhail-brath, sàrachadh agus dol-a-mach mì-laghail eile a tha toirmisgte fo Achd na Co-ionannachd 2010;
- cur air adhart co-ionannachd cothrom eadar daoine aig a bheil feart dìonta agus an fheadhainn aig nach eil; agus
- a bhith a' brosnachadh deagh dhàimh eadar daoine aig a bheil feart dìonta iomchaidh.

1.1 Tha na trì riatanasan seo an sàs airson nam 'feartan dìonta' a leanas:
These three requirements apply across the 'protected characteristics' of:

- aois;
- ciorram;
- ath-bhuileachadh gnè;
- pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta;
- leatromachd agus màthaireachd;
- cinneadh;
- creideamh; agus
- gnè agus taobhadh gnè.

1.2 Aig an ìre thrath seo, tha e doirbh obrachadh a-mach am bi buaidh shusbainteach ann agus 's e amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cleachdadh a' phròiseis cho-chomhairleachaidh seo mar dhòigh gus làn sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh co-ionannachd, a' gabhail a-steach a' bhuidh air clann is òigridh.

1.3 Nuair a bhios seo deiseil, tha Riaghaltas na h-Alba airson obrachadh a-mach, a' cleachdadh a' phròiseis cho-chomhairleachaidh, a bheil gnìomh sam bith a dh'fheumas iad gabhail gus na dleastanasan reachdail aige a choileanadh. Thèid na beachdan a chuireas tu thugainn a chleachdadh gus làn Mheasadh Buaidh air Co-ionannachd (*Equality Impact Assessment* - EQIA) a dhèanamh feuch a bheil barrachd obair a dh'ith san raon seo.

Ceist - Buaidh air co-ionannachd

A bheil e coltach gun toireadh na molaidhean anns a' Cho-chomhairle seo buaidh air buidhnean sònraichte de dhaoine a thaobh nam 'feartan dìonta' a tha air an liostadh gu h-àrd? Bidh cho mionaideach 's as urrainn dhut.

Ceist – Clann agus daoine òga

A bheil thu a' smaoinichadh gum faodadh buaidh a bharrachd a bhith aig na molaidhean anns a' Cho-chomhairle seo air sàbhailteachd clann is òigridh?

Gnìomhachas is Riaghladh

1.4 Nì Measadh Buaidh Gnìomhachais is Riaghlaidh (*Business and Regulatory Impact Assessment* - BRIA) mion-sgrùdadh air na molaidhean gus faicinn a bheil e coltach gun cuireadh e ris, no gun lùghdaicheadh e, na cosgaisean is uallachan air gnìomhachasan, air an roinn phoblaich agus air buidhnean saor-thoileach is coimhearsnachd.

Ceist - A' bhuidh air gnìomhachasan

. A bheil thu a' smaoinichadh gun cuir na molaidhean anns a' Cho-chomhairle seo ris na cosgaisean is uallachaidhean air raon gnìomhachais sam bith, no gun lughdaich iad na cosgaisean is uallachaidhean air raon gnìomhachais sam bith? Bidh cho mionaideach 's as urrainn dhut.

Prìobhaideachd

1.5 Nithear làn Mheasadh air Buaidh air Prìobhaideachd gus faighinn a-mach an toireadh na molaidhean againn gus dòigh-obrach chunbhalach a bhith ann airson an Sgeama buaidh air prìobhaideachd dhaoine.

1.6 Aig an ìre thrath seo, tha e doirbh obrachadh a-mach am bi buaidh shusbainteach ann agus 's e amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cleachdadh a'

phròiseis cho-chomhairleachaidh seo mar dhòigh gus làn sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith ann air prìobhaideachd.

Ceist - A' bhuidh air prìobhaideachd

A bheil e coltach gum bi buaidh aig na molaidhean anns a' Cho-chomhairle seo air prìobhaideachd dhaoine? Bidh cho mionaideach 's as urrainn dhut.

Còmhdhail Alba
2017

Annex C Leas-phàipear C

Roghainnean ris nach eil Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic

Thuir grunn daoine ris an do bhruidhinn sinn fhad's a bha sinn ag ullachadh na co-chomhairle seo, gum b' fheàrr leotha nach rachadh an aois gus pas fhaighinn atharrachadh, no nan robh feum air atharrachaidhean, gum bu choir dòigh-obrach eadar-dhealaichte a bhith ann. Air iomadh adhbhar, chan eil Riaghaltas na h-Alba an dùil na molaidhean seo a chur an gnìomh ach tha iad air an liostadh gu h-ìosal airson fiosrachadh: -

1 A' toirt air daoine aig a bheil cairt beagan a phàigheadh airson gach turas lasaichte a nì iad.

Bhiodh aig daoine ri pris stèidhichte, can, 20sg, 50sg no £1 a phàigheadh airson gach turais. Bhiodh seo sìmplidh gu leòr airson cur an gnìomh agus dhèanadh e sàbhalaichean nach beag. Mar eisimpleir, nan robh aig daoine ri 20sg a phàigheadh airson gach turais, rachadh mu £17 millean a shàbhaladh gach bliadhna nan robh aig gach duine a tha a' faighinn siubhal lasaichte ri a phàigheadh, a' gabhail a-steach daoine a tha a' faighinn pas-bus mar thoradh air ciorram a bharrachd air daoine a tha a' faighinn pas mar thoradh air aois. (Mas e is nach biodh aig daoine aig a bheil pas mar thoradh air ciorram ri pàigheadh, bhiodh lùghdachadh de mu 10% anns na sàbhalaichean.)

2 A' cur cìs bhliadhnail air siubhal bus saor is an-asgaidh

Bhiodh na tursan fhèin saor is an-asgaidh ach bhiodh cìs bhliadhnail stèidhichte ann, mar eisimpleir, £10 no £20. Bhiodh seo coltach ri tiocaid seusain a bhith ann air cosgais glè ìosal a ghabhadh a chleachdadh air a h-uile bus. Stèidhichte air an ìre chleachdaidh làithreach, ghabhadh sàbhalaichean de suas ri £13 millean a dhèanamh sa bhliadhna le cìs de £10 agus barrachd nam biodh a' chìs na b' àirde. Mur an robh aig daoine a tha a' faighinn pas-bus mar thoradh air ciorram ris a' chìs seo a phàigheadh, bhiodh lùghdachadh de mu 10% anns na sàbhalaichean.

Chan eil taic Riaghaltas na h-Alba ri gin de na roghainnean seo a chionn 's nach biodh iad a rèir an rùin ann am Prògram an Riaghaltais 2016-17 gus siubhal bus saor is an-asgaidh a thoirt do sheann daoine is daoine air a bheil ciorram.

Dh'fhaodadh gun cuireadh Roghainn 1 ris an àm a tha e toirt faighinn air bòrd a'

bhus agus bhiodh ullachaidhean rianachd ùra a dhìth airson Roghainn 2, mar eisimpleir gus brathan cuimhneachaidh a chur a-mach agus gus foirmean a làimhseachadh.

3 A' cur bacadh air cleachdadh nam pasasichean bus aig na h-amannan as trainge

Mas e is nach gabhadh am pas-bus a chleachdadh aig na prìomh uairean siubhail, bhiodh seo a' brosnachadh dhaoine gus a bhith a' siubhal aig amannan nuair nach eil na seirbheisean bus a cheart cho trang. Dh'fhaodadh seo cosgaisean a lùghdachadh airson companaidhean bus agus dh'fhaodte gun cuideachadh seo gus dèanamh cinnteach nach biodh na busaichean ro thrang aig prìomh uairean siubhail. Ach dh'fhaodte nach biodh na sàbhalaidhean mòr nam biodh daoine dìreach a' siubhail aig amannan eadar-dhealaichte, agus dh'fhaodadh e dail a chur air daoine a bhith a' dol air bòrd bhusaichean mas e is gum bi eas-aonta ann eadar dràibhear agus neach-siubhail a bheil turas 'peak' no 'off-peak.'

4 Crìoch a bhith air luach nan tursan a tha an-asgaidh.

Mar eisimpleir, bhiodh gach turas anns a' bhliadhna saor is an-asgaidh gus an rachadh crìoch a ruigsinn, mar eisimpleir £250. Às dèidh dhaibh a' chrìoch seo a ruigsinn, bhiodh aig luchd-siubhail ri pàigheadh airson tursan airson a' chòrr den bhliadhna. Bhiodh ìre nan sàbhalaidhean a' crochadh air a' chrìoch a bhiodh air a shuidheachadh ach le dòigh-obrach mar seo, ghabhadh smachd a chumail air cosgaisean gun fheum a bhith air siostam paighidh-air ais le cuibhreachadh mar a th' ann an-dràsta. Ach bhiodh siostaman ùra a dhìth gus siostam mar seo a ruith, a' gabhail a-steach comas a bhith aig luchd-siubhail airson faicinn na bha air fhàgail aca de shiubhail saor is an-asgaidh.

Chan eil Riaghaltas na h-Alba an dùil a dhol air adhart le gin de na roghainnean aig an ìre seo mar thoradh air na duilgheadasan a bhiodh ann le bhith gan cur an gnìomh no a bhith gan ruith.

Faodaidh tu am bosga gu h-ìosal a chleachdadh gus beachdan a thoirt seachad air na molaidhean seo no air dòigh sam bith eile san gabhadh siubhal lasaichte a dhèanamh seasmhach, nad bheachd, cho math ri beachd sam bith eile a th' agad mu leasachaidhean dhan sgeama

Mo bheachdan:



**TRANSPORT
SCOTLAND**
CÒMHDHAIL ALBA

Transport Scotland
Buchanan House, 58 Port Dundas Road,
Glasgow, G4 0HF
0141 272 7100
info@transport.gov.scot

ISBN: 978-1-911582-13-7
© Crown copyright 2017

You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence. To view this licence, visit <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/> or e-mail: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

Further copies of this document are available, on request, in braille, easy read and large print formats.

Any enquiries regarding this document should be sent to us at info@transport.gov.scot

This document is also available on the Transport Scotland website: www.transport.gov.scot
Produced for Transport Scotland by APS Group Scotland
Published by Transport Scotland, October 2017

Follow us:

 [transcotland](https://www.facebook.com/transcotland)  [@transcotland](https://twitter.com/transcotland)
transport.gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba